

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Solarachadh is Rianachd Chùmhnantan

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta airson diofar adhbharan agus tha na sanasan prìobhaideachd againn a' toirt seachad fiosrachadh air carson a bhios sinn a' faighinn agus a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus mar a bhios sinn ga làimhseachadh.

Tha an sanas prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a chleachdas Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta airson adhbharan solarachaidh agus rianachd chùmhnantan. Tha e cudromach tuigsinn gu bheil am fiosrachadh mu phrìobhaideachd gu h-ìosal a' buntainn ri fiosrachadh a tha air a mheas mar dhàta pearsanta fo laghan dìon dàta. Chan eil e a' ciallachadh gun gabh am mìneachadh a-steach dàta corporra no dàta a bhuineas ri companaidh, mura h-eil sibh ag obair do Bhòrd na Gàidhlig mar neach fa leth, mar eisimpleir mar neach-malairt fa leth. Cuideachd, bidh am fiosrachadh seo a' buntainn ri fiosrachadh pearsanta sam bith a bheirear seachad an lùib thairgsean airson sheirbheisean no an lùib chùmhnantan, às bith dè an seòrsa companaidh a th' ann.

Dè am fiosrachadh a thèid a Chruinneachadh?

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cruinneachadh fiosrachadh airson adhbharan solarachaidh (a' gabhail a-steach coimiseanadh) agus rianachd chùmhnantan. Tha tòrr den fhiosrachadh a thèid a chruinneachadh gus dèiligeadh ri tairgsean solarachaidh air a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba, agus tha am pròiseas airson sin a' cumail ris na riatanasan laghail a gheibhear ann an Riaghailtean Solarachaidh na h-Alba. Le tairgsean solarachaidh, tha e buailteach gum bi fiosrachadh mu co-dhiù riochdairean na companaidh mar phàirt den fhiosrachadh a bhios a dhìth, agus dh'fhaodadh gun tèid iarraidh oirbh fios air eòlas buntainneach aig prìomh luchd-obrach a thoirt seachad.

Feuch nach toir sibh Cunntasan-beatha seachad, mura tèid iarraidh oirbh sin a dhèanamh.

Feuch nach toir sibh fiosrachadh pearsanta sam bith seachad ann an tairgsean airson sheirbheisean no chùmhnantan nach deach iarraidh, no fiosrachadh pearsanta nach eil a' toirt taic no fianais seachad a tha dhìth airson pàirt shònraichte den tairgse agaibh. Ma gheibhear fiosrachadh pearsanta sam bith air nach eil feum nar beachd-ne, dh'fhaodadh gun tèid am fiosrachadh sin a thoirt às an tairgse no a dhubhadh às.

Tha e an urra ri buidheann sam bith a tha a' cur a-steach moladh tairgse a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an dòigh 's a bheil iad a' cleachdadh dàta pearsanta laghail agus tha e an urra riutha cuideachd a bhith a' toirt follaiseachd do dhuine sam aig a bheil dàta pearsanta a tha sibh a' cur a-steach dhan tairgse.

Aon uair 's gun tèid cùmhnant a thoirt seachad, mar as trice bidh am fiosrachadh a fhuaras san tairgse mar phàirt den chùmhnant agus bidh fiosrachadh pearsanta sam bith a thèid a chruinneachadh no fhaotainn rè ùine a' chùmhnant a' buntainn ri mar a thèid seirbheisean a libhrigeadh no ri stiùireadh a' chùmhnant . Bidh an ìre 's gun tachair sin a rèir gach cùmhnant fa leth.

Cuideachd, bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh aontaidhean Frèam-obrach Riaghaltas na h-Alba agus cleachdaidh sinn fiosrachadh bho na frèamaichean sin gus cùmhnantan aontachadh mar a tha ceadaichte fo na riaghailtean solarachaidh.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Thèid measadh a dhèanamh air tairgsean a rèir nan riaghailtean solarachaidh air a bheil iomradh gu h-àrd. Thèid fiosrachadh pearsanta a chleachdadh le sùil gun tèid cùmhnant aontachadh leis a' bhuidhinn a tha soirbheachail leis an tairgse aca, sin an stèidh laghail cuideachd air am bithear a' dèiligeadh ri tairgse bho neach fa leth, a' gabhail a-steach luchd-malairt fa leth.

A thaobh fiosrachadh pearsanta a thèid a chur a-steach ann an tairgsean bho bhuidhnean nas motha, thèid dèiligeadh ri sin air an stèidh laghail a thaobh adhbharan dligheach, oir tha e a chum math Bhòrd na Gàidhlig agus na buidhne a tha a' cur na tairgse a-steach, agus a chum math a' phobail a thaobh a bhith a' faighinn luach an airgid, gun dèanar sin. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bidh fiosrachadh bho thairgsean a tha soirbheachail gu tric na phàirt den fhiosrachadh sa chùmhnant, ach thèid fiosrachadh mu luchd-conaltraidh airson na buidhne a chumail agus ùrachadh nuair a bhios feum air sin.

Aon uair 's gun tèid cùmhnant aontachadh, thèid fiosrachadh pearsanta a chleachdadh gus an cùmhnant a libhrigeadh far a bheil cùmhnant ann le neach fa leth, no air adhbharan dligheach far a bheil e a dhìth gus cùmhnant a stiùireadh.

Aon uair 's gun tig cùmhnant gu crìch, thèid fiosrachadh sam bith a bhuineas ris na nithean a chaidh a libhrigeadh tron chùmhnant a ghleidheadh a rèir clàran-ama gleidhidh Bhòrd na Gàidhlig, a tha air am mìneachadh gu h-ìosal.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Nì an sgioba iomchaidh aig Bòrd na Gàidhlig measadh air fiosrachadh a gheibhear ann an tairgsean.

Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte gun cleachd Bòrd na Gàidhlig buidhnean no comhairlichean eile air an taobh a-muigh gus ar cuideachadh le bhith a' dèanamh measadh air tairgsean agus a' stiùireadh chùmhnantan, ma tha pìos obrach sònraichte ann. Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh seo, bu chòir dhuibh fios a chur chun an neach a tha a' stiùireadh a' phròiseis sholarachaidh.

Bidh sinn cuideachd a' cleachdadh portal Public Contracts Scotland gus tairgsean fhaighinn agus a riaghladh:

https://www.publiccontractsscotland.gov.uk/Search/Search_AuthProfile.aspx?ID=AA16582

Bidh Sgioba an Ionmhais a' làimhseachadh fiosrachadh pàighidh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh seirbheisean IT agus ionmhais air an taobh a-muigh, agus tha na siostaman sin a' gabhail a-steach siostam gus fàirdealan a làimhseachadh is a phàigheadh. Cuideachd, thèid fiosrachadh buntainneach a thoirt do bhuidhnean a bhios an sàs sa phròiseas phàighidh, mar eisimpleir, bancaichean.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a bhios a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta às leth Bòrd na Gàidhlig, agus mar phàirt de seo, feumar làimhseachadh a dhèanamh taobh a-staigh na RA no Roinn Eaconamach na h-Eòrpa, no feumaidh dìonan iomchaidh a bhith ann ma tha seo air a dhèanamh le buidheann eadar-nàiseanta.

Dè thachras nuair nach bi feum tuilleadh air m' fhiosrachadh?

Thèid fiosrachadh a bhuineas ri solarachadh agus cùmhnantan a chumail a rèir clàran-ama gleidhidh Bhòrd na Gàidhlig. Mar as trice, thèid fiosrachadh a bhuineas ri cùmhnant a ghleidheadh airson còig bliadhna bhon cheann-latha air an do chrìochnaich an cùmhnant.

Mar as trice, thèid tairgsean bho bhuidhnean nach robh soirbheachail leis an tairgse aca a chumail airson bliadhna. Bithear a' dèanamh sin gus ùine gu leòr a thoirt do dhaoine a rèir an lagha gus tagradh a chur a-steach an aghaidh co-dhùnadh sam bith agus gus rannsachadh a dhèanamh air gearanan sam bith.

Còraichean a Bharrachd

Fo Riaghailt Coitcheann Dìon Dàta na RA, tha grunn chòraichean agaibh a thaobh ur fiosrachadh pearsanta. Thoir an aire gu bheil dìorogachaidhean ann airson fiosrachadh rannsachaidh a dh'fhaodadh a bhith a' ciallachadh nach urrainnear cuid de na còraichean sin a chleachdadh a thaobh fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh airson adhbharan rannsachaidh.

Tha còir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fhiosrachadh phearsanta agaibh;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- iv. bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. cuir an aghaidh làimhseachadh;
- vi. so-ghiùlaineachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan co-cheangailte ri ceartachadh, dubhadh às no bacadh a chur air adhart ri faightear sam bith aig a bheil ur fiosrachadh pearsanta. Tha fiosrachadh air faightearan ri lorg anns an earrainn [An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?](#)

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabhail ris na h-iarrrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Ma thachras seo le iarrrtas a nì sibh, thèid a mhìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an t-iarrrtas agaibh a choileanadh agus dè na roghainnean a th' agaibh.

Nuair a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh le aonta, tha còir a bharrachd ann an t-aonta agaibh a thoirt air falbh uair sam bith. 'S urrainn dhuibh fhaighinn a-mach mar a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh gu laghail anns an roinn [Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?](#)

Gearanan

Ma tha thu mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh pearsanta agad, tha còir agad gearan a dhèanamh dhan Choimiseanair Fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Gheibhear am fios conaltraidh aca aig <https://ico.org.uk/>.

Fios Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Riaghladair Dàta (no Riaghladair) airson fiosrachadh pearsanta a tha air a làimhseachadh mar a chaidh a mhìneachadh san t-sanas seo. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot/>.

Ma tha ceist sam bith agaibh mun fhiosrachadh anns an t-sanas prìobhaideachd seo, cuiribh fios chun an neach a leanas sa chiad dol a-mach:

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta
Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis IV3 8NW
ofis@gaidhlig.scot
01463 225454

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/ Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>
V2	Smachd Sgrìobhainn agus logo BnG air a chur ris	CNI/SB	17/10/2022
V3	Ath-sgrùdadh	LT	28/10/2024